



### **Màiri NicAonghais, Cathraiche**

Tha diofar dreuchdan aig Màiri taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail aice ceangailte ri cànan agus foghlam na Gàidhlig, a' dol eadar tràth bhliadhnaichean, bun-sgoil agus ionnsachadh nan inbheach. Bha Màiri, a bha na ceannard Sgoil an Ìochdair roimhe, cuideachd na ball den Buidheann Ionnsachadh Cànan Modh 1+2 anns na h-Eileanan Siar. 'S e Cathraiche Ceòlas Uibhist Ltd, buidhnean nan ealain Gàidhlig air a mholadh gu mòr a th' ann am Màiri. Shuidh i cuideachd air bòrd grunn buidhnean nàiseanta, mar eisimpleir Comhairle Ealain na h-Alba agus Comataidh Craoladh Gàidhlig. Bha i na ball stèidheachaidh Cothrom agus ball stèidheachaidh agus neach-obrach leasachaidh airson Fèis Tìr a' Mhurain.

### **Seumas Whannel, Stiùiriche an Fhoghlaim**

'S e Stiùiriche Foghlam na Gàidhlig a th' ann an Seumas Whannel agus tha e a' stiùireadh Sgioba an Fhoghlaim aig a' Bhòrd. Tha Seumas ag obair gu dlùth le co-obrachaidhean ann an Sgioba an Fhoghlaim gus cuid dleasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt air adhart – ag obair ann an com-pàirteachadh le raon farsaing de bhuidhnean nàiseanta, sgiobaidhean foghlam nan Ùghdarras Ionadail agus Riaghaltas na h-Alba. Thòisich e san dreuchd ann an 2019 agus tha e air a bhith an sàs ann an libhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an ùghdarrasan ionadail agus cuideachd san oilthigh. Tha Seumas an-dràsta a' stiùireadh ath-sgrùdadh air [Stiùireadh Reachdail mu Foghlam Gàidhlig](#).

### **Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh (Eadar-amail)**

'S e Stiùiriche Leasachaidh eadar-amail a th' ann an Iain Mac a' Mhaoilein, neach-labhairt na Gàidhlig à Uibhist a Deas. 'S e fòcas na dreuchd seo ro-innleachdan iomchaidh a leasachadh agus buaidh a thoirt orra, agus com-pàirteachasan a thogail le buidhnean eile gus cleachdadh a' chàinain agus na structaran taic aice a mheudachadh. 'S e Phrionnsapal air Colaiste a' Chaisteil OGE a bh' ann an Iain roimhe seo, aon de na colaistean a tha nam buill aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus tha grunn dhreuchdan air a bhith aige mar Stiùiriche Ionmhais.

### **Bòrd na Gàidhlig**

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh fo [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#) anns an deach prìomh dleasan a' bhuidhne a mhìneachadh. Tha seo a' gabhail a-steach leasachadh agus foillseachadh plana nàiseanta na Gàidhlig airson 5 bliadhnaichean, ag iarraidh air buidhnean poblach gus planaichean Gàidhlig a leasachadh agus a chur air dòigh, agus a' foillseachadh stiùireadh reachdail air an dà chuid planaichean Gàidhlig agus foghlam Gàidhlig.

A thuilleadh air na riathanasan reachdail seo, tha Bòrd na Gàidhlig an sàs ann an raon farsaing de phròiseactan com-pàirteachaidh agus iomairtean a bhios a' toirt taic do fhàs cànan agus cultar na Gàidhlig.

Le maoinachadh bho Tabhartas-gus-Cuideachaidh de c.£5.5m gach bliadhna bho Riaghaltas na h-Alba, bidh am Bòrd a' sgaoileadh a' mhòr chuid den mhaoineachadh aige do bhuidhnean eile a bhios a' libhrigeadh seirbhisean a bheir taic do amasan a' Phlana Nàiseanta. Tha mu 20 luchd-obrach aig a' bhuidheann, a tha air an stèidheachadh ann an grunn àitichean air feadh Alba.

**Mairi MacInnes, Chair**

Mairi has numerous roles within her local community relating to Gaelic language and education spanning early years, primary and adult learning. Mairi, former head teacher of Sgoil an Lochdair, was also a member of the 1+2 Approach to Language Learning Group in the Western Isles. Mairi is Chair of Ceòlas Uibhist Ltd, the highly acclaimed Gaelic arts organisation. She has also sat on the board of a number of national organisations, such as the Scottish Arts Council and Comataidh Craoladh Gàidhlig. She was the founding member of Cothrom and a founder member and development worker for Fèis Tìr a' Mhurain.

**Jim Whannel, Director of Education**

Jim Whannel is the Director of Gaelic Education and leads the Education Team at the Bòrd. Jim works closely with colleagues in the Education Team to take forward some commitments in the National Plan for Gaelic – working in partnership with a wide range of national agencies, Local Authority education teams and the Scottish Government. He took up the post in 2019 and has been involved in Gaelic education delivery in local authorities and also university. Jim is currently leading on a review of the [Statutory Guidance for Gaelic Education](#).

**Iain MacMillan, Development Director (Interim)**

Iain MacMillan, a Gaelic speaker from South Uist, is the interim Development Director. The focus of this role is to develop and influence appropriate strategies, and build partnerships with other organisations to increase the use of the language and its support structures. Iain has previously been the Principal of UHI Lews Castle College, one of the member colleges of the University of the Highlands and Islands, and has had a number of roles as Director of Finance.

**Bòrd na Gàidhlig**

Bòrd na Gàidhlig was established under the [Gaelic Language \(Scotland\) Act 2005](#) which sets out the organisation's core duties. These include the development and publication of a 5-yearly national Gaelic language plan, requiring public bodies to develop and implement Gaelic language plans, and publishing statutory advice on both Gaelic language plans and on Gaelic education.

In addition to these statutory requirements, Bòrd na Gàidhlig is involved in a range of partnership projects and initiatives which support growing Gaelic language and culture.

Funded by Grant-in-Aid of c.£5.5m annually from Scottish Government, the Bòrd distributes the majority of its funding to other organisations to deliver services which support the aims of the National Plan. The organisation has c.20 staff, who are based in a number of locations across Scotland.